



Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puirt-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta

# Aithisg Solarachaidh Bhliadhnaill 2020/21

# Mu ar deidhinn

**'S e companaidh earranta phriobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair.**

Chaidh HIAL a stèidheachadh ann an Dùn Èideann air 4 Màrt 1986 mar chompanaidh earranta phriobhaideach. Air 1 Giblean 1995, għluais seilb na companaidh bho Ùghdarras Itealachd Shiobhalta na RA gu Rùnaire na Stàite airson Alba agus an uair sin do Mhiniestarán na h-Alba. Bidh HIAL a' faighinn thabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba a rèir earrainn 34 de dh'Achd Itealan Catharra 1982 agus a' faighinn taic bho Chòmhdailean na h-Alba – Buidheann-stiùridh Itealain, Mhuireil, Bathair is Canàlan.

Tha na puirt-adhair againn suidhichte ann am: Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh, agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt, agus a' dèiligeadh ri còrr is 1.78m luchd-siubhail gach bliadhna. Tha a' chompanaidh a' fastadh còrr is 660 luchd-obrach.



## Clàr-innse

Geàrr-chunntas	1
Earrann 1 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte air a Chrìochnachadh	2
Earrann 2 – Lèirmheas air Gèilleadh Solarachadh Riaghlaichte	4
Earrann 3 – Geàrr-chunntas Buannachd Coimhairsnachd	6
Earrann 4 – Geàrr-chunntas Gniomhachas le Taic	8
Earrann 5 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte san t-àm ri Teachd	9
Earrann 6 – Ceistean Eile	10
Leis-phàipear A – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte 2020/21	11
Annex B – Solarachadh Riaghlaichte san Àm ri teachd 2021-24	12

# Geàrr-chunntas

**Tha sinn ag obair le ar com-pàirtichean agus luchd-ùidh, agus tha sinn dealasach a thaobh taic dhan dleastanas sòiseo-economach aig còmhdhail-adhair ann an Alba ann a bhith a' cumail suas is a' leasachadh ar puirt-adhair agus na seirbheisean agus ceangalan deatamach a tha iad a' toirt do chuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche nar dùthaich.**

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach pàirt den obair againn. Tha prògram sàbhailteachd is tèaraainteachd làidir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn. Bidh sinn an-còmhnaidh a' déanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gus déanamh cinnteach gu bheil na h-irean as àirdé de choileanadh sàbhailteachd aig a' bhuidhinn againn agus aig gach port-adhair againn.

Tha Achd Ath-leasachadh Solarachaidh (Alba) 2014 (an Achd) mar phàirt de riaghlaidh solarachaidh poblach a bhios a' riaghlaidh mar a bhios buidhnean poblach na h-Alba a' ceannach bathar, obair agus seirbheisean, agus ag amas air a' bhuannachd eaconamach a leasachadh do dh'Alba bho ghniomhachd solarachaidh èifeachdach.

Tron Achd, feumaidh gach buidheann poblach Albannach a bhios a' cosg còrr is £5m sa bhliadhna air solarachadh aithisg solarachaidh bliadhnaill fhoillseachadh agus a chur an gniomh. Feumar cuideachd aithisg solarachaidh bliadhnaill fhoillseachadh gus fiosrachadh a thoirt do luchd-ùidh air déanadas solarachaidh agus coileanaidhean ann a bhith a' libhrigeadh na ro-innleachd solarachaidh aca.

Mhinch Ro-innleachd Solarachaidh HIAL 2017-2020 an ro-innleachd aig solarachadh ann a bhith a' libhrigeadh luach an airgid agus a' cur ri coileanadh amasan is cinn-uidhe na buidhne is amasan is cinn-uidhe nàiseanta. 'S e fòcas na Ro-innleachd seo a bhith a' sudheachadh an luach as fheàrr agus pròiseasan coimeirsealta taobh a-staigh gniomhan obrachaidh puirt-adhair gus fàs eaconamach seasmhach a stiùireadh agus taic a thoirt dha, gach cuid airson gniomhachasan HIAL agus na coimhairsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Bhon Mhàrt 2020, dh'adhbharaich cuingealachaidhean Covid-19 air feadh na cruinne lùghdachadh ann an iarrtas bho chustamairean, chaidh gniomhachasan a dhùnadh

rè ùine agus chaidh luchd-obrach air förladh rè ùine no chaill iad an cuid obrach – bha sin uile a' toirt buaidh air na sreathan sòine-sholar againn, bho stuthan amh agus saothrachadh gu solarachean agus reic. Bha buaidh gu sònraichte dona air roinn nan seirbheisean adhair air sgàth chuingealachadh air siubhal air feadh na cruinne, a chùm itealain air an lèr agus puirt-adhair dùinte gu ire. Chaidh pròiseactan calpa san roinn phriobhaidh a thaobh seirbheisean adhair a chuir dheth, agus chaidh seirbheisean agus solar leantainneach co-cheangailte ri seirbheisean adhair a ghearradh air ais.

Ann 2020/21, bha nas lugha luchd-siubhail ann am puirt-adhair HIAL na bh' anns na bliadhnaichean roimhe mar thoradh air cuingealachaidhean Covid-19, ach bha ceanglaichean airson na Gàidhealtachd is nan Eileanan taobh a-staigh na RA agus thall thairis fhathast na phriomhachas dhuinn gus taic a chumail ri coimhairsnachdan iomallach agus eaconamaidhean dùthchail. Bha na dùblain fhathast againn a thaobh a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh a' bhun-structair iom-phillte againn agus a bhith ag obair leis na com-pàirtichean sòine-sholar againn gus déanamh cinnteach gu bheil rudan cho math 's a ghabhas do chustamairean.

Agus sinn a' tòiseachadh air a' phròiseas ath-bheothachaidh, bidh an sòine-sholar againn a' dol am feabhas mean air mhean cuideachd. Feumaidh sinn a bhith mothachail air call priomh luchd-obrach gus cùmhnanntan làitheach a libhrigeadh, barrachd cunnart gun téid solarachean fodha, agus comas lùghdaichte a bhith a' cur a-steach airson taigsean san àm ri teachd.

Tha gniomh Solarachaidh HIAL a' fàs nas suidhichte anns na pròiseasan corporra agus obrachaidh thar gach lìrach puirt-adhair, gu h-àraig le casgadh buidseatan ga dhèanamh cudromach daonnaan a bhith a' faighinn nam fuasglaidhean as fheàrr aig a' phris as fheàrr. Tha na manaidsearan againn a' coimhead air farpais solair mar rud math, fhad 's a tha iad cinnteach gu bheil sòine-sholar ionadail ann far a bheil seo comasach.

Tha Bòrd agus àrd-sgioba stiùiridh HIAL a' cur fàilte air Aithisg Solarachaidh Bhliadhnaill HIAL mar gheàrr-chunntas de gniomhachd solarachaidh agus coileanadh mu choinneamh na Ro-innleachd Solarachaidh againn, agus a tha a' cumail taic ri leasachaidhean leantainneach san raon seo.

## Ar misean

'S e misean HIAL a bhith a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta agus soirbheas eaconamach le bhith a' togail buidheann phort-adhair seasmhach Albannach airson an àm ri teachd. Tha seo mar phàirt den lèirsinn àrdamasach againn inbhe a bhith againn mar 'a' chiad buidheann phort-adhair roinneil san Ròinn Eòrpa le cothromachadh-carboin'.

### Tha na priomh gniomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' libhrigeadh puirt-adhair a tha a rèrein inbhean reachdail agus a tha a' cumail taic ri ceangailteachd còmhdhail ro-chudromach
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structar agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le companaidhean-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' cruthachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte, air siartair, agus bathair
- A' cur ris an teachd a-steach choimeirsealta againn gus am bi an gniomhachas nas ath-leumaich.

# Earrann 1 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte air a Chriochnachadh

Tha ‘Solarachaidhean Riaghlaichte’ nan gniomhan ceannaich a dh’fheumar a dhèanamh a rèir reachdas solarachaидh na h-Alba. Tha seo a’ gabail a-steach a bhith a’ toirt seachad cùmhnant no aonta frèam-obrach ùr, no a’ toirt seachad cùmhnant cuir-dheth bho aonta frèam-obrach a tha ann mar-thà.

## Geàrr-chunntas air Solarachadh Riaghlaichte mar a tha e a’ buntainn ri HIAL

Feumaidh HIAL grunn riaghailtean solarachaидh a leantainn, a rèir adhbhar agus luach an ni a cheannaichear:

- Riaghailtean Ghoireasan (Alba) 2016
- Riaghailtean Chùmhnantan Poblach (Alba) 2015
- Achd Ath-leasachaидh an t-Solarachaидh (Alba) 2014
- Riaghailtean Solarachaидh (Alba) 2016
- Riaghailtean Cùmhnantan Ceadachais (Alba) 2016

**Tha Riaghailtean Ghoireasan (Alba) 2016** (Riaghailtean Ghoireasan) a’ buntainn ri “gniomhan co-cheangailte ri bhith a’ déanamh feum de sgire cruinn-eòlasach airson puirt-adhair a thoirt seachad”.

Tha nithean no gniomhan a fhuair HIAL os cionn luachan stairsnich nan Riaghailtean Ghoireasan<sup>1</sup> airson a bhith a’ ruith nam port-adhair againn air an riaghlaidh leis an reachdas seo.

Ma tha HIAL airson nithean no gniomhan a cheannach nach eil co-cheangailte ri bhith a’ ruith port-adhair (mar eisimpleir a bhith a’ togail taigh-òsta), bhiodh **Riaghailtean Cùmhnantan Poblach (Alba) 2015** (Riaghailtean Chùmhnantan Poblach) an sàs far a bheil an luach os cionn stairsnich Riaghailtean Chùmhnantan Poblach<sup>2</sup>.

**Achd Ath-leasachaидh an t-Solarachaидh (Alba) 2014** (an Achd) Thug seo a-steach raon de cheuman gus frèam reachdail a chruthachadh airson solarachaидh poblach seasmhach air feadh roinn poblach na h-Alba a tha a’ cumail taic ri fàs eacnamaich na h-Alba tro chleachdadh solarachaидh nas fheàrr tro chleachdadh nas fheàrr, a’ gabail a-steach:

- Foillseachadh de ro-innleachdan agus de dh’aithisgean solarachaидh bliadhnaidh riatanach
- Dleastanas solarachaидh seasmhach
- Buannachd coimhairsnachd
- Cleachdaidhean obrach cothromach, a’ gabail a-steach Tuarastal Bith-beò
- A’ taghadh luchd-taigse agus a’ toirt seachad cùmhnantan fo stairsnich an AE.

Tha an Achd an sàs airson “solarachadh riaghlaichte” a tha air am mìneachadh mar chùmhnantan poblach le luach eadar stairsnich shònraichte<sup>3</sup> nach eil nan cùmhnantan às-dùinte. Fon Achd, tha cùmhnantan às-dùinte na chùmhnantan “de sheòrsa ris nach eil Riaghailtean Cùmhnantan Poblach a’ buntainn”. Mar sin, is iad na solarachaidhean riaghlaichte a tha a’ tighinn fon Achd agus a tha an sàs do HIAL direach na cùmhnantan nach eil co-cheangailte ri bhith a’ ruith port-adhair.

## Bidh Riaghailtean Solarachaидh (Alba) 2016

(na Riaghailtean Solarachaидh) a’ cur an gniomh a’ chumhachd a fhuaradh tro eileamaid bhuntainneach den Achd.

## Tha Riaghailtean Cùmhnantan Ceadachais (Alba) 2016

(Riaghailtean Ceadachais) an sàs airson cùmhnantan ceadachais thairis air luach stairsnich<sup>4</sup>, far nach eil saoradh an sàs. Tha cùmhnantan ceadachais na cùmhnant airson com-pàirt ionmhasail anns a bheil HIAL a’ toirt cead seirbheisean a thoirt seachad agus a ruith, no obrachean a dhèanamh, do dh’aois gniomhaiche no barrachd, far a bheil seo a’ gabail a-steach aon chuid còir brath a ghabhail air na seirbheisean a tha sa chùmhnant no a’ chòir sin a bharrachd air pàigheadh. Mar eisimpleir cead reic ann am port-adhair no a bhith a’ togail pàirc chàraichean coimeirseala.

Tha na riaghailtean solarachaидh poblach làithreach a’ tighinn bho Stiùridhean Solarachaидh Eòrpach. Às dèidh eadar-ghluasad na RA bhon Aonadh Eòrpach, tha an RA air ballrachd a ghabhail ann an Aonta Solarachaидh Riaghaltas (*Government Procurement Agreement – GPA*) aig Buidheann Malairt na Cruinne (WTO) mar phàrtaidh. Feumaidh atharrachaidhean teicnigeach a bhith ann air riaghailtean solar poblach na h-Alba, a thathar a’ deasbad taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba aig an àm seo.

Tha Poileasaidh Solarachaидh làithreach HIAL ag ràdh gu bheil a h-uile cùmhnant le luach beatha iomlan nas àirdé na £50k air a chur a-mach gu taigse agus gu bheil cùmhnantan fo luach £50k air an toirt seachad às dèidh 3 cuòtaichean. Tha na stairsnich seo a’ ciallachadh gu bheil smachdan, luach as fheàrr agus follaiseachd aig a’ gniomhachas.

Tha am frèam riaghlaidh is poileasaidh làithreach a tha an sàs airson solarachadh HIAL iom-phillte. Tha Clàr 1 gu h-iosal a’ toirt geàrr-chunntas farsaing air na slighean, a’ crochadh air na thathar a’ ceannach agus air an luach, ach thathar cuideachd a’ beachdachadh air eileamaidean eile leithid margaidhean solair agus cunnart obrachaидh.

<sup>1</sup> An stairsneach airson solarachadh riaghlaichte (1 Faoil 2020 – 1 Faoil 2022) fo Riaghailtean Goireasan: Bathar is seirbheisean – còrr is £378,660  
Obraichean – còrr is £4,733,252

<sup>2</sup> An stairsneach airson solarachadh riaghlaichte (1 Faoil 2020 – 1 Faoil 2022) fo Riaghailtean Cùmhnantan Poblach: Bathar is seirbheisean – còrr is £189,330  
Obraichean – còrr is £4,733,252

<sup>3</sup> An stairsneach airson solarachadh riaghlaichte (1 Faoil 2020 – 1 Faoil 2022) fo Achd: Bathair is Seirbheisean – còrr is £50,000 agus nas isle na stairsnich an AE.  
Obraichean – còrr is £2,000,000 agus nas isle na stairsnich an AE.

<sup>4</sup> An stairsneach airson solarachadh riaghlaichte (1 Faoil 2020 – 1 Faoil 2022) fo na Riaghailtean Ceadachais: Seirbheis is obraichean – còrr is £4,733,252

# Earrann 1 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte air a Chriochnachadh

## Clàr 1 – Geàrr-chunntas air Seòrsa Cùmhaint, Riaghlaidh is Pròiseas

Seòrsa Cùmhaint	Luach	Riaghlaidh	Slighe-solarachaидh
Bathar is seirbheisean co-cheangailte ri puit-adhair	fo £50k	Neo-riaghlaichte	Cuot
	£50k gu £379k	Neo-riaghlaichte	Tairgse
	<b>os cionn £379k</b>	<b>Riaghailtean Ghoireasan</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
Obraichean co-cheangailte ri puit-adhair	fo £50k	Neo-riaghlaichte	Cuot
	£50k gu £4.7m	Neo-riaghlaichte	Tairgse
	<b>os cionn £4.7m</b>	<b>Riaghailtean Ghoireasan</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
Bathair is seirbheisean nach eil co-cheangailte ri puit-adhair	fo £50k	Neo-riaghlaichte	Cuot
	<b>£50k gu £190k</b>	<b>Riaghailtean Solarachaidh</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
	<b>os cionn £190k</b>	<b>Riaghailtean Cùmhnantan Poblach</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
Obraichean nach eil co-cheangailte ri puit-adhair	fo £50k	Neo-riaghlaichte	Cuot
	£50k gu £2m	Neo-riaghlaichte	Tairgse
	<b>£2m gu £4.7m</b>	<b>Riaghailtean Solarachaidh</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
	<b>os cionn £4.7m</b>	<b>Riaghailtean Cùmhnantan Poblach</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>
Ceadachas sheirbheisean no obraichean	fo £50k	Neo-riaghlaichte	Cuot
	£50k gu £4.7m	Neo-riaghlaichte	Tairgse
	<b>os cionn £4.7m</b>	<b>Riaghailtean Ceadachais</b>	<b>Tairgse Riaghlaichte</b>

Tha Aithisg Bhliadhnaill Solarachaidh 2020-21 a' gabhail a-steach a h-uile solarachadh riaghlaichte fo na riaghailtean aig HIAL. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu sholarachaidhean riaghlaiche a chaidh a chriochnachadh ann an Èarr-ràdh A.

## Clàr 2 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte air a Chriochnachadh ann an 2020/21

Riaghlaidh	Àireamh nan solarachaidhean	Luach iomlan
Riaghailtean Ghoireasan	17	£26,986,153
Riaghailtean Cùmhnantan Poblach	0	£0
Riaghailtean Solarachaidh	1	£350,928
	<b>18</b>	<b>£27,337,081</b>

# Earrann 2 – Lèirmheas air Gèilleadh Solarachadh Riaghlaichte

Fon Achd, feumaidh geàrr-chunntas a bhith san Aithisg Bhliadhnaill air an robh solarachaidhean riaghlaichte a rèir amasan na Ro-innleachd Solarachaidh aig a' bhuidhinn a thug a-mach an cùmhnannt rè àm na h-aithris, agus far nach eil solarachaidhean a' gèilleadh, ciamar a tha HIAL an dùil piseach a thoirt air gèilleadh.

Bha Ro-innleachd Solarachaidh HIAL 2017-2020 a' cur fòcas air gniomhan agus pròiseasan solarair air an taobh a-staigh gus bunaitean làidir a thogail airson na companaidh gus na h-amasan corporra aige a choileanadh. Tha Amasan Ro-innleachdail Solarachaidh HIAL a' gabhail a-steach priomh amasan:

- Gèilleadh ri Reachdas is Riaghailtean
- Dùbhlain Eacnomach
- Cleachdadadh Goireasan gu h-Èifeachdach
- Seasmhachd.

## Gèilleadh ri Reachdas is Riaghailtean

Chaidh solarachadh riaghlaichte uile aig HIAL a dhèanamh a rèir pròiseas coitcheann a tha air a cho-thaobhadh ri Slighe Solarachaidh Riaghaltas na h-Alba, a nì cinnteach gu bheil gach solarachadh a' gèilleadh ri riatanasan reachdail.

Bha luchd-buidseit HIAL agus buill sgioba pròiseict a bha an sàs ann an solarachadh riaghlaichte mothachail air riaghailtean solarachaidh poblach. Bha an Sgioba Solair an sàs anns gach solarachadh riaghlaichte.

Cha robh dùbhlain laghail ann mu na pròiseactan solarachaidh againn.

Chaidh taigsean a dhèanamh an dà chuid tron Dòigh-obrach Fhosgailte agus tron Dòigh-obrach Chuingichte. Chaidh a h-uile cùmhnannt a thoirt seachad stèidhichte air Taigse as buannachdail gu h-eaconamach (*Most Economically Advantageous Tender – MEAT*), a' gabhail a-steach pris agus càileachd anns na co-dhùnaidhean solarachaidh.

Bho thar-ghluasad Brexit air 30 Dùbhlachd 2020, ghabh HIAL ris an Sgriobhainn Solarachaidh Singilte atharraichte. Tha HIAL a' leantainn air adhart a' cleachdadadh nan Sgriobhainn Solarachaidh Singilte (*Single Procurement Document – SPD*) mar dheagh cleachdadadh airson a h-uile solarachadh taigse thairis air £50,000. Tha an SPD na dhòigh dhligheach do HIAL gus solarachean a dhùnad a-mach à cùmhnanntan air sgàth eucoirean, mi-ghiùlan a thaobh nighe airgead, saothair chloinne, malairt dhaoine no drogaichean a bharrachd air neo-ghèilleadh ri reachdas sóisealta, àrainneachdail no fastaidh.

## Clàr 3 – Geàrr-chunntas air gèilleadh ri reachdas

Dòigh-obrach	Àireamh nan Solarachaidhean	Luach Iomlan	Sgioba Solarachaidh an sàs
Cuir-dheth bho fhreàm	5	£11,114,246	Bha
Traigse phosgailte	4	£5,949,748	Bha
Traigse chuingichte	2	£895,105	Bha
Air co-rèiteachadh as còmhla ri Gairm Pharpaiseach	0	£0	n/a
Air co-rèiteachadh as aonais Gairm Pharpaiseach	4	£8,653,028	Bha
Atharrachadh air Cùmhnannt a th' ann mar-thà	3	£724,954	Bha
Pròiseasan neo-ghéillidh	0	£0	n/a
	<b>18</b>	<b>£27,337,081</b>	

\* Air co-rèiteachadh às aonais Gairm Pharpaiseach

# Earrann 2 – Lèirmheas air Gèilleadh Solarachadh Riaghlaichte

## Dùblain Eacnomach

Cumaidh HIAL air a' brosnachadh farpais anns a h-uile gniomh ceannach gus an luach as fheàrr fhaighinn agus gus aontaidhean fréam co-obrachail a chleachdadhe far an gabh sin dèanamh. Bidh na modhan fréam sin a' cuideachadh le goireasan Sgioba Solarachaид HIAL, a' dèanamh cinnteach gu bheil càileachd / seirbheis cunbalach, a' dèanamh shàbhalaidhean airgid bho phrisean lasaichte/eaconamaidhean sgèile, agus a' toirt seachad slighe nas luaithe chun na margaidh.

Tha buannachdan ionmhasail do bhuidhnean poblach bho bhith a' cleachdadhe Frèamaichean-obrach Riaghaltas na h-Alba air an aithris gach ràithe le Solarachadh na h-Alba – anns an 2020/21 rinn HIAL sàbhalaidhean airgid de £64k a-mach à caitheamh de £1.4m (4.6%).

Bithear a' clàradh buannachdan airgid bho chùmhnantan ùra a thaobh tuairmsean cosgais ro-thairgse airson gach tairgse HIAL. Tha HIAL ag obair air dòighean airson a bhith ag obrachadh a-mach agus ag aithris ann an dòigh nas treasa air buannachdan airgid, buannachdan neo-airgeadach agus buannachdan seasmhachd.

## Clàr 4 – Geàrr chunntas air Buannachdan/Sàbhalaidhean Airgid

Slighe a' Chùmhaint	Àireamh nan Cùmhnantan	Luach lomlan	Buannachdan/Sàbhalaidhean Airgid	Sàbhalaidhean sa cheud
Cuir-dheth tro Fhrèam	5	£11,114,246	£619,783	6%
Tairgse fhosgailte	4	£5,949,748	£68,252	1%
Tairgse chuingichte	2	£895,105	- £29,362	-3%
Atharrachadh air Cùmhnant a th' ann mar-thà	3	£724,954	£0	0%
Air co-rèiteachadh às aonais Gairm Fharpaiseach	4	£8,653,028	£101,310	1%
		<b>£27,337,081</b>	<b>£759,983</b>	<b>3%</b>

## Cleachdadhe Goireasan gu h-Èifeachdach

Far an robh e buntainneach agus iomchaidh, bha a h-uile solarachadh riaghlaichte san üine-aithris a' gabhail a-steach ceangal tar-ghniomhach agus/neo cruthachadh sgiobaidhean pròiseict gus luchd-obrach HIAL a chur gu feum san dòigh as fheàrr gus na fuasglaidhean as fheàrr fhaighinn. Bha a h-uile tairgse air a stiùireadh leis an sgioba Solarachaид agus cleachd iad pròiseas agus teamplaidean coitcheann, le bhith a' cleachdadhe portal Cùmhnantan Poblach na h-Alba (PCS) gus riaghlaidh tairgse a dhèanamh gu fèin-obrachail.

Bhon Mhàrt 2020 bha a' mhòr-chuid de luchd-obrach na h-àrd-oifis ag obair bhon taigh, a' cleachdadhe Microsoft Teams agus fuasglaidhean didseatach eile gus protacalan astar sòisealta sàbhailte a chur an comas. Ghabh luchd-obrach ris an dòigh-obrach seo gu luath agus gu soirbheachail; tha am pròiseas tairgse dealanach mar-thà tro PCS, agus ghabh HIAL cuideachd ri ainmean-sgriobhte agus cùmhnantan didseatach a thug seachad sàbhalaidhean mòra a thaobh goireasan, üine agus àrainneachd an tac a' bhith ag ullachadh cùmhnantan pàipear agus ainmean-sgriobhte inc.

## So-sheasmhachd

Tha seasmhachd aig cridhe ar n-obair solarachaид gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' faighinn bathar agus seirbheisean ann an dòigh a bheir seachad càileachd, luach an airgid agus buannachdan dhan chomann-shòisealta, dhan eacnamaidh, agus dhan àrainneachd. Bithear a' beachdachadh air cleachdaidhean àrainneachd, sòisealta/eacnamach agus obair chothromach anns a h-uile tairgse agus tha iad nan slatan-tomhais comharrachte nuair a tha sin iomchaidh. Bidh sinn a' cleachdadhe ar buaidh ann a bhith a' toirt seachad chùmhnantan gus saothrachadh seasmhach de bhathar agus libhrigeadh sheirbheisean/obraighean a bhrosnachadh, agus bidh sinn cuideachd a' brosnachadh seo air feadh sòineachan-solair nan solaraichead againn gus cur ris a' choileanadh seasmhachd aca.

Fhuair HIAL barantachadh mar fhastaiche Tuarastal Bith-beò, a tha a' gabhail a-steach gealltanach bho phriomh sholaraichead air ar làraichean gus an Tuarastal Bith-beò a phàigheadh dhan luchd obrach aca.

Tha sinn a' cumail oirn a' lughdachadh lorg charboin air taobh a-staigh ar gniomhachd, mar eisimpleir, ag obair a dh'ionnsaigh solais LED a chur a-steach anns a h-uile raon poblach agus raon obrachaidh, agus a' feuchainn bathar dì-reothachaidh a tha nas fheàrr dhan àrainneachd agus a' faighinn carbadan obrachaidh dealanach far a bheil an teicneolas ri fhaighinn.

# Earrann 3 – Geàrr-chunntas air Buannachd Coimhearsnachd

**Mar thoradh air an Achd feumaidh Aithisg Solarachaidh Bliadhnailean geàrr-chunntas a thoirt seachad air na riatanasan Buannachdan Coimhearsnachd a chaidh a chur an sàs mar phàirt de sholarachadh riaghlaichte a chaidh a choileanadh sa bhliadhna-aithris.**

Fon Achd, feumaidh HIAL beachdachadh air Buannachd Coimhearsnachd airson cùmhnantan nas àirde na £4m. Tha Sochairean Coimhearsnachd nan riatanasan cùmhnantail a' buntainn ri trèanadh agus fastadh no cothroman fo-chùmhantaidh, no a bhios a' cur ri suidheachadh sòisealta, eaconamach no àrainneachd nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh, agus tha seo a' gabhail a-steach:

- Obrachean agus cothroman trèanaidh airson buidhnean priomhachais a chruthachadh
- Trèanadh dreuchdail do luchd-obrach a th' ann mar-thà, luchd-obrach ùra no luchd-obrach fo-chùmhainte
- Preantasachdan agus cothroman obrach ag amas air òigridh
- Àrdachadh sgilean do luchd-obrach a th' ann mar-thà
- Iomairtean Co-ionannachd agus lomadachd
- Cothroman fo-chùmhaint a thoirt do ghniomhachasan beaga agus meadhanach, dhan treas roinn agus do ghniomhachasan le taic
- Gniomhan leasachaidd sèine-sholair
- Tog comas ann am buidhnean coimhearsnachd
- Iomairtean taic ri foghlaim
- Obrachadh le sgoiltean, colaistean agus oilthighnean gus greisean-gniomhachais no tursan gu làraichean a thabhan
- Droch bhuaidh àrainneachdail a lùghdachadh, mar eisimpleir buaidhean co-cheangailte ri gluasadan charbadan agus / no eimseanan co-cheangailte riutha agus buaidhean air raointean dionta, air togalaichean no làraichean.



Pròiseact Balfour Beatty le Oileanaich Colaiste Inbhir Nis UHI air greis-gniomhachais

# Earrann 3 – Geàrr-chunntas air Buannachd Coimhearsnachd

Bha aon solarachadh riaghlaichte aig HIAL a' gabhail a-steach Sochairean Coimhearsnachd anns an ùine aithris seo; ìre 2 de dh'Obair Dréanaidh Uisge Uachdrach ann am Port-adhair Inbhir Nis a chaidh a thoirt do Balfour Beatty Civil Engineering Limited. Bha am Plana Gniomha Luach Sòisealta sa chùmhnant seo a' gabhail a-steach nam buannachdan coimhearsnachd a leanas:

- 8 uairean air a thoirt seachad gus taic a thoirt do 8 daoine òga gus tighinn a-steach a dh'obair (m.e. comhairle CV, cleachdad le agallamhan, stiùireadh mu dhreuchdan) – (fo aois 24.)
- Comhairlichean Sochair Coimhearsnachd BB gus taic a chumail ri obair leis a' bhuidheann Barnardos ionadail ann an Inbhir Nis. Ma cheadaicheas astar sòisealta, thèid seiseanan a libhrigeadh an dàrna cuid ann an ionad trèanaidh Barnardos ann an Inbhir Nis agus/no dh'fhaodadh gun tadhail buidheann (buidhnean) air làrach a' phròiseict. Is e adhbhar nan seiseanan a bhith a' brosnachadh agus a' togail mothachadh mu obair innleadaireachd, cothroman dreuchdail taobh a-staigh na roinne agus a bhith a' brosnachadh riatanasan inntrigidh airson cosnadh fhaighinn taobh a-staigh na roinne. Thèid cuideachadh a bharrachd a thaobh sgriobhadh cv/ dòighean ullachaидh airson agallamhan a bhrosnachadh cuideachd. Ma chuireas astarachadh sòisealta bacadh air libhrigeadh aghaidh ri aghaidh, thèid seiseanan a libhrigeadh do bhuidhnean Barnardos tro ghairmean bhidio.
- 4 seachdainean air an cuir seachad air greisean-gniomhachais brioghmhor no càrsa ro-chosnad; 1-6 seachdainean de ghrisean-gniomhachais oileanach (gun phàigheadh)
- Comhairlichean Buannachdan Coimhearsnachd BB gus obrachadh le Colaiste Inbhir Nis UHI gus oilleanach a chomharrachadh aig am biodh üidh ann an greis-ghniomhachais ghoirid air pròiseact. Bidh comhairlichean a' conaltradh le luchd-stiùiridh a' phròiseict gus ùine iomchaidh a chur air dòigh airson oilleanach a bhith air an làraich agus a' co-òrdanachadh rêteachaidhean le stiùirichean roinnean an Oilthigh.
- £2.4m air a chosg san t-séine-sholair ionadail tron chùmhnant
- Ni Comhairlichean Buannachdan Coimhearsnachd ceangal ris an sgioba choimeirsealta gus fiosrachadh mu fo-chùmhantaichean ionadail a tha an sàs ann an libhrigeadh phròiseict a chlàradh. Le ùmhachd do dhuisean cùmhant, tha Balfour Beatty an dùil gum bi gniomhachasan ionadail an sàs ann an libhrigeadh nam pasganan a leanas:
  - Obraichean Innleadaireachd Bun-structair
  - Feansadh
  - Gas, uisge, dealain is msaa
- A rèir ro-mheasaidhean làithreach a thaobh fo-chùmhantaichean bhiodh iad sin a' gabhail a-steach timcheall air £1.8m ann an caitheamh ionadail ann an roinn na Gàidhealtachd.
- Crioch a chur air measadh Roghainnean Bith-iomadachd Netgain agus air sgrùdadh meatrach mar phàirt den ire ro-togail.
- Stèidhichte air a' Phlana Gniomha Luach Sòisealta seo (*Social Value Action Plan – SVAP*) thathar a' meas gun libhrig am pròiseact seo luach sòisealta 20% a bharrachd, le luach iomlan de thimcheall air £2.4m.
- Taobh a-staigh mìos de chriochnachadh, bheir am Manaidsear Phròiseactan againn pasgan fianais seachad le fiosrachadh mu choileanadh nan irean pròiseact.

Bidh HIAL a' beachdachadh air buntainneas agus cur an gniomh gniomhan buannachd coimhearsnachd mar phàirt den ullachadh airson gach solar riaghlaichte a tha a' gabhail a-steach gniomh Solarachaidh. Am measg nam buannachdan a fhuaireadh bho chùmhanta eile a chaidh a thoirt seachad tron àm seo, tha: cunnradairean SME agus neo-SME ionadail, cosnadh ionadail agus seirbheisean ionadail air an cleachdad; agus prògraman preantasachd/trèanaidh.

Às na 18 solarachaidhean, chaidh 7 a thoirt do dh'iomairtean beag is meadhanach.

# Earrann 4 – Geàrr-chunntas Gníomhachas le Taic

**Fon Achd, feumaidh an Aithisg Solarachaidh Bhliadhnailean geàrr-chunntas a thoirt seachad de cheum sam bith a chaidh a ghabhail gus com-pàirteachadh Ghniomhachasan le Taic a bhrosnachadh ann an solarachadh riaghlaichte rè na h-ùine-aithris.**

Is e Gníomhachais le Taic na solaraichean aig a bheil prìomh amas amalachadh sòisealta is proifeasanta do dhaoine air a bheil ciorram no ana-cothrom agus far a bheil co dhiù-30% dhen luchd-obrach ciorramach no fo ana-cothrom. Tha seo a' toirt cosnadh, trèanadh agus taic shòisealta dhaibhsan a dh'fhaodadh a bhith air an dùnadh a-mach às an àite-obrach. Tha a bhith a' cleachdadhar seirbheisean Gníomhachais le Taic na eileamaid den Dleastanas Solarachaidh Seasmhach againn.

Mar thoradh air nàdar gniomhachas HIAL, tha glè bheag de chothroman Gníomhachas le Taic a tha buntainneach ri riatanasan HIAL agus cha d' fhuair HIAL cùmhant sam bith mar seo san ùine aithris seo.



Port-adhair Thiriodh © Callum Williams

# Earrann 5 – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte san àm ri Teachd

Mar thoradh air an Achd, feumaidh an aithisg seo geàrr-chunntas a thoirt seachad de na solarachaidhean riaghlaichte a tha HIAL an dùil tòiseachadh anns an ath dhà bhliadhna ionmhais.

Tha HIAL a' leantainn air adhart le program de phròiseactan tasgaidh calpa anns a h-uile port-adhair airson dèanamh cinnteach gu bheil ceanglaichean riatanach air an cumail suas, eòlas luchd-siubhail air an àrdachadh agus uidheamachd èiginneach fhathast ri obrachadh.

'S e ath-dhealbhachadh seirbheisean trafaig-adhair gu Fuasgladh Tùr lomallach aon de na pròiseactan as inntinniche againn sa phrògram, gus seirbheis smachd seasmhach fad-ùine a thoirt seachad.

Tha Leas-phàipear B a' toirt geàrr-chunntas air solarachadh ris a bheil sinn an dùil



# Earrann 6 – Ceistean eile

**Tha amasan soilleir aig HIAL is aig Riaghaltas na h-Alba airson fàs eaconamach seasmhach an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus airson nan coimhearsnachdan ionadail san fharsaingeachd.**

Ann an 2020/21 chosg sinn còrr is £36m air solarachadh; £15.2m air caiteachasan teachd a-steach agus £20.8m air pròiseactan calpa. Tha a' mhòr-chuid de chosgais solarachaidd HIAL air solarachadh seirbheis obrachail agus cumail suas ar raointean-adhair agus bun-structar poblach. Ann am plana dealbhachaidh Solarachaidd HIAL bho 2021 air adhart, tha planaichean airson aontaidhean frèam agus cùmhnanntan HIAL airson obair togail agus seirbheisean rianachd ghoireasan airson nan 11 puit-adhair. Tha seo a' toirt cothrom seachad gus beachdachadh nas mionaidiche a dhèanamh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a thoirt air coimhearsnachdan ionadail.

Tha Bòrd HIAL air aontachadh ri Ro-innleachd Solarachaidd HIAL 2021-26 "Ceannach nas Fheàrr – Riaghlaigh gniomhach air caiteachas gus taic a chumail ri solarachadh seasmhach agus gus iom-thillteachd, cosgais agus cunnart a lùghdachadh san t-sèine-sholair".

Tha Ro-innleachd 2021-2026 a' togail air an adhartas a rinneadh gu ruige seo agus a' toirt seachad dòigh-obrach cruth-atharrachail cuimsichte gus taic a chumail ri ar misean gus buannachd shòisealta agus beairteas eaconamach a chruthachadh le bhith a' togail buidheann port-adhair roinneil seasmhach airson Alba san àm ri teachd; air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn a bhith nar buidheann puit-adhair roinneil le cothromachadh carboin. Tha solar na phriomh dhòigh gus ar priomhachasan corporra ro-innleachdail a choileanadh.

Mar thoradh air buaidh gun samhail aig galar lèir-sgaoilte Covid-19 aig ire na cruinne, nàiseanta, ionadail agus air daoine fa leth agus mar thoradh air èiginn na gnàth-shide, tha e na phriomhachas a bhith a' dèanamh lèirmheas air dè tha sinn a' solarachadh, ciamar a tha sinn ga sholarachadh, gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a tha farpaiseach gu coimeirsealta agus gus taic a chumail ri ath-bheothachadh eaconamach.

Bidh coileanadh amasan corporra HIAL airson barrachd fàs agus ceanglaichean nas fheàrr airson nam port-adhair roinneil an urra ri coileanadh, càileachd agus ath-leumachd a shèine-sholair. Bidh páirt chudromach aig a' gniomh Sholarachaidd ann a bhith a' leasachadh éifeachdas agus a' daingneachadh deagh sheirbheisean a bhios a rèir miannan an luchd-cleachdaidh.

**Sarah Shelley**  
Manaidsear Solarachaidd



Port-adhair Inbhir Üige Taigh Iain Ghròt

# Leis-phàipear A – Geàrr-chunntas de Sholarachadh Riaghlaichte 2020-21


Cùmhnant	Port-adhair	Solarache	Riaghailt	Solarachadh	Cùmhnant
Siostam rianachd ionnmhais	Corpora	Eureka Solutions Scotland	Goireasan	Tairgse chuingichte	£402,110
Siostam Rianachd Obraichean Port-adhair	Corpora	ISO Software Systeme	Goireasan	Tairgse chuingichte	£463,633
Siostam HR agus Ròla-pàighidh	Corpora	MHR International UK Ltd	Goireasan	Tairgse fhosgailte	£375,663
Solarach lìonn agus grainiulan dì-reòthaidh	Corpora	LNT Solutions Ltd	Goireasan	Tairgse fhosgailte	£4,600,000
Thoir seachad Aodaich-obrach is PPE	Corpora	Hunter Apparel Solutions	Goireasan	Tairgse fhosgailte	£723,333
Ùrachadh Uidheamachd Suidse	Sumburgh	Ness Engineering	Goireasan	Atharrachadh Cùmhnant	£510,000
Solar Carbadan Di-reothachaidd Raoin-laighe	Corpora	Aebi Schmidt – DAF	Goireasan	Meanbh-cho-fharpais tro Fhrèam	£330,536
Solar lorgairean-meatailt coiseachd troimhe	Corpora	Smith's Detection Watford Ltd	Goireasan	Tairgse fhosgailte	£250,752
Barantas Sàbhailteachd airson Fuasgladh Tùr Iomallach (010-3080)	ATMS	Osprey Consulting Services Ltd	Goireasan	Meanbh-cho-fharpais tro Fhrèam	£442,350
Ùrachadh air Siostam CRM	Sgeama Lasachaidh Adhair	Civic Software Limited	Solarachadh	Tabhartas Dìreach	£350,928
Obair Drèanaidh Uisge Uachdrach (lre 2)	Inbhir Nis	Balfour Beatty Civil Engineering Ltd	Goireasan	Cuir-dheth tro Fhrèama	£8,191,805
Ag ùrachadh Pàirtean Radar	Inbhir Nis	Thales	Goireasan	NPWCC*	£2,550,000
Solarachadh Connadh Lionnach	Corpora	Scottish Fuels	Goireasan	Cuir-dheth tro Fhrèama	£1,800,000
Cùmail Suas Innleadaireachd Trafaig-adhair	Corpora	NATS	Goireasan	NPWCC*	£3,998,690
Seirbheis Radar a-steach	Sumburgh	NATS	Goireasan	NPWCC*	£1,753,410
Solarachadh Innealan-sguabaidh Rathaid	Corpora	Scarab Sweepers Ltd	Goireasan	Cuir-dheth tro Fhrèama	£349,555
Siostam smachd guth agus conaltraidh	Sumburgh	Copperchase Ltd	Goireasan	Cùmhnant - atharrachadh	£182,959
Siostam smachd guth agus conaltraidh	Sumburgh	Copperchase Ltd	Goireasan	Cùmhnant - atharrachadh	£31,995

\* Air co-rèiteachadh as aonais Gairm Fharpaiseach

# Leas-phàipear B – Solarachadh

## Riaghlaichte san t-àm ri teachd 2021-24

Ainm a' Phròiseict	Port-adhair	Tuairmeas air Toirt Seachad a' Chùmhaint	Tuairmeas air Luach a' Chùmhaint £000
Uidheamachd Lùths Uaine airson Uidheamachd Ùrlar	Corpora	2021-22	£610
Uidheamachd Pròiseasaidh Luchd-siubhail	Corpora	2021-22	£1,300
ATMS Obair air Ionad Faire	Corpora	2021-22	£4,250
Uachdar ùr air Raon-laighe	Ceann Loch Chille Chiarain	2021-22	£4,580
Uidheamachd gus buaidh Muileannan Gaoithe air radar a lasachadh	Inbhir Nis	2021-22	£4,682
ATMS – Uidheamachd Siostam Faire	Corpora	2021-22	£5,402
ATMS – Uidheamachd Tùr lomallach	Corpora	2021-22	£5,723
Obair Dìon a' Chladaich	Steòrnabhagh	2021-22	£6,072
Obraichean Siostam Drèanaidh Àrainneachdail Raon-laighe	Inbhir Nis	2021-22	£13,440
Uachdar ùr air Raon-laighe	Sumburgh	2021-22	£4,559
ATMS – Seirbheisean Ceangailteachd	Corpora	2022-23	£869
ATMS – Uidheamachd Siostam Sgrùdaidh Conaltradh air Astar	Corpora	2022-23	£1,236
Uachdar ùr air Raon-laighe is raon-tagsaidh	Inbhir Nis	2022-23	£3,787
Uachdar ùr air Raon-laighe	Ìle	2022-23	£6,067
Uidheamachd VHF (VOR) ùr	Inbhir Nis	2023-24	£1,000
Uachdar ùr air Raon-laighe	Kirkwall	2023-24	£4,739



Obair úrachaidh air raon-laigne Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain



© 2021 Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean  
Puir-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB